

URNUIGH FHEASCAIR.

O DHE naomh agus ghlòirmhor, thug thuas an la 'n diu' agus ioma là eile dhomh, dh' oibreachadh 'mach mo shláinte. Ach mo thruaighe! mhi-bhuilich mi m' aimsir, 's mhi-naomhaich mi do shàbaidibh, agus dhicheimhui ch mi m' anam agus mo Shlànaisfhear. Rugadh mi ann am peacadh, agus chaith mi mo bheatha ann am peacadh; agus bha mi neo-chùramach mu' n obair siu chum an do chruthaicheadh mi. O DHE, is creutair ro-chionntach mi, ata aireamh mo pheacaidh ro-mhor, agus an gnè ro-screitidh. Ach agads' tha maitheamhnas chum 's gu'n gabht' eagal romhad. A Tighearna bàth mo pheacaidh ann an cuan tòla' Chriosd, chum 's nach bàite in' anaim ann an cuan t's heirgs'.

Bheirim buadheachas dhuits' O Tighearna arson là na sàbaide, an soisgeul, agus meadhonajbh, na sláinte. O naomhaich mo chridhe, agus neartaich mo chuimhne chum greim dheanamh air t' f'ocal; agus deònuich dhomh cha'n e mhàin bhi am shear-èisteachd, ach am shear deanaimh an f'hocail. A Thighearna oibrich annam fior chreidimh, gràdh laiste, agus beo dhòchas. On gu'n eignicheadh gràdh Chriosd mi chum' teicheadh o pheacadh, agus chum ruith ann an stighibh d' àitheantaibhs'!

O Thighearna cuidich leam air feascar an là 'n diu cuimhneach' air feascar mo bheatha, agus oidhche bhàis a ta teannadh orm, ann 's nach urrainn aon neach obair sam bith a dheànamh. O gu'm bithinn glie chum ullmhachadh air chionn na i.-oidhche sin; agus fein a dheanamh do Chriosd mar m' Urras, a dhioladh m' fhiacha, agus a rèiteachadh mo chùisc, chum air chionn a' bhàis gu'm bidh sìth deadh-choguis agam, agus dòchas le deadh adhbhar re tachairt air Breitheamh rèidh rium, agus sàbaid shiorruidh mhealtuin maille re Chriosd shuas air neamh gun oidhche na la eile seachdmhuin re teachd 'na dhèidh! Agus so uile ata mi guidhe ar sgà Iosa Chriosd mo Shlànaisfhear. *Amen.*

DHE
peacaidh
mallucha
naomhaich
dhuinn it
Amen.

BHEI
son Chri
ris, buidh
O biodh
is fearr a
deònuich
teirig, ac
losa Crie